



Teisteanais  
Nàiseanta  
2024

**X875/75/11**

**Nuadh-eòlas**

DIMÀIRT, 30 GIBLEAN

1:00 F – 3:20 F

**Comharran gu lèir — 80**

**ROINN 1 — DEAMOCRASaidh ANN AN ALBA AGUS SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 28 comharran**

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt A AGUS Ceist 7 NO Pàirt B AGUS Ceist 7

Pàirt A Deamocrasaidh ann an Alba *duilleag 02*

Pàirt B Deamocrasaidh san Rìoghachd Aonaichte *duilleag 03*

Ceist 7 *duilleag 04–05*

**ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 26 comharran**

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt C AGUS Ceist 14 NO Pàirt D AGUS Ceist 14

Pàirt C Neo-ionannachd shòisealta *duilleag 06*

Pàirt D Eucoir agus an Lagh *duilleag 07*

Ceist 14 *duilleag 08–09*

**ROINN 3 — CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA — 26 comharran**

Feuch **AN DARA CUID** Pàirt E AGUS Ceist 21 NO Pàirt F AGUS Ceist 21

Pàirt E Cumhachdan an t-saoghail *duilleag 10*

Pàirt F Cùisean an t-saoghail *duilleag 11*

Ceist 21 *duilleag 12–13*

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



\* X 8 7 5 7 5 1 1 \*

Feuch AN DARA CUID Pàirt A AGUS Ceist 7 NO Pàirt B AGUS Ceist 7

Pàirt A	Deamocrasaidh ann an Alba	<i>duilleag 02</i>
Pàirt B	Deamocrasaidh san Rìoghachd Aonaichte	<i>duilleag 03</i>
Ceist 7		<i>duilleag 04–05</i>

PÀIRT A — DEAMOCRASaidH ANN AN ALBA

*Nad fhreagairtean airson Ceistean 1, 2 agus 3 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich ann an Alba bho chionn ghoirid.*

Ceist 1

Tha còraichean poiliteagach aig daoine fa leth ann an deamocrasaidh.

Thoir cunntas **mionaideach** air dà chòir poiliteagach a tha aig daoine fa leth ann an deamocrasaidh.

4

Ceist 2

Tha uallach air Pàrlamaid na h-Alba airson cùisean tiomnaichte.

Thoir cunntas **mionaideach** air dà chùis tiomnaichte air a bheil uallach aig Pàrlamaid na h-Alba.

6

Feuch AN DARA CUID Ceist 3(a) NO 3(b)

Ceist 3

Tha buaidh aonaidhean-ciùird agus buidhnean-strì ann an deamocrasaidh.

- (a) Mìnich **gu mionaideach** carson a tha buaidh aig an dàrna cuid aonaidhean-ciùird no buidhnean-strì ann an deamocrasaidh.

Bu chòir dhut **trì** mìneachaidhean aig a' char as motha a thoirt seachad nad fhreagairt.

8

NO

Tha comataidhean nam pàirt chudromach de Phàrlamaid na h-Alba.

- (b) Mìnich **gu mionaideach** carson a tha comataidhean nam pàirt chudromach de Phàrlamaid na h-Alba.

Bu chòir dhut **trì** mìneachaidhean aig a' char as motha a thoirt seachad nad fhreagairt.

8

[Theirig a-nis gu Ceist 7 a' tòiseachadh air *duilleag 04*]

## PÀIRT B — DEAMOCRASaidH SAN RÌOGHACHD AONAICHTE

*Nad fhreagairtean airson Ceistean 4, 5 agus 6 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich san Rìoghachd Aonaichte bho chionn ghoirid.*

## Ceist 4

Tha còraichean poilitigeach aig daoine fa leth ann an deamocrasaidh.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** chòir phoilitigeach a tha aig daoine fa leth ann an deamocrasaidh.

4

## Ceist 5

Tha uallach air Pàrlamaid na RA airson chùisean glèidhte.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** chùis glèidhte air a bheil uallach aig Pàrlamaid na RA.

6

Feuch **AN DARA CUID** Ceist 6(a) **NO** 6(b)

## Ceist 6

Tha buaidh aonaidhean-ciùird agus buidhnean-strì ann an deamocrasaidh.

- (a) Mìnich **gu mionaideach** carson a tha buaidh aig **an dàrna cuid** aonaidhean-ciùird **no** buidhnean-strì ann an deamocrasaidh.

Bu chòir dhut **trì** mìneachaidhean aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt.

8

**NO**

Is e pàirt chudromach de Phàrlamaid na RA a tha ann an Taigh nam Morairean.

- (b) Mìnich **gu mionaideach** carson a tha Taigh nam Morairean nam pàirt chudromach de Phàrlamaid na RA.

Bu chòir dhut **trì** mìneachaidhean aig **a' char as motha** a thoirt seachad nad fhreagairt.

8

[Theirig a-nis gu Ceist 7 a' tòiseachadh air *duilleag 04*]

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2 agus 3 agus an uair sin freagair a’ cheist a leanas.

**STÒR 1**

**Siostam taghaidhean coitcheann san RA**

Bho 1950, is e an siostam a thathar a’ cleachdadh airson BP a thaghadh do Thaigh nan Cumantan siostam mòr-chuid shìmplidh air a bheil gu cumanta Na Bhòtaichean as Motha (FPTP). Thathar a’ cleachdadh an t-siostaim seo cuideachd ann an taghaidhean comhairle ionadail ann an Sasainn. San referendum mu dheireadh air feadh na RA air siostam bhòtaidh na Pàrlamaid ann an 2011, chaidh fhaighneachd den luchd-bhòtaidh an robh iad a’ toirt taic do shiostam taghaidh diofraichte a chleachdadh airson BP a thaghadh, agus bhòt a’ mhòr-chuid ‘nach robh’. Thathar ag argamaid gu bheil reataichean mòra de dh’àireamhan-bhòtaidh a’ dearbhadh gu bheil an luchd-bhòtaidh toilichte leis an t-siostam a th’ ann.

Tha beachd a’ fàs am measg an t-sluaigh gu bheil siostam FPTP neo-chothromach agus gum b’ fheàrrde rud eile a chur na àite. Tha iomadh neach-poilitigs is buidheann-strì ag iarraidh riochdachadh co-rèireach (PR) air choreigin a bhith ga chleachdadh ann an taghaidhean coitcheann san àm ri teachd. Thathar a’ cleachdadh seòrsaichean de PR mar-thà gus pàrlamaidean a thaghadh ann an nàiseanan tiomnaichte na RA. Tha cleachdadh siostam PR a’ ciallachadh gu bheil an àireamh sa cheud de bhòtaichean a gheibh pàrtaidh gu math co-ionann ris an àireamh sa cheud de shuidheachain, a’ dèanamh an siostam taghaidh nas cothromaiche. Thathar ag argamaid gun adhbharaich FPTP toraidhean mì-rèireach a dh’fhaodas cuideachadh suidheachain shàbhailte no oireach a chruthachadh. Ged a tha luchd-taic FPTP a’ cumail a-mach gur e siostam còrdte a th’ ann is air a chleachdadh gu farsaing, glè thric chan eil seo fìor, gu h-àraidh ann an taghaidhean air feadh na Roinn Eòrpa.


Ann an taghadh choitcheann an 2019, thàinig buannaiche soilleir a-mach à FPTP agus Am Partaidh Tòraidheach a’ faighinn còrr is leth de na suidheachain a thug mòr-chuid làidir dhaibh na gealltanasan manifesto aca a chur an gnìomh. Is e seo aon de na h-adhbharan gu bheil mòran bhall den Phartaidh Tòraidheach fhathast an aghaidh ath-leasachadh nan taghaidhean. A bharrachd, air an sin thathar a’ meas FPTP mar shiostam èifeachdach oir nì e cinnteach nach fhaigh partaidhean eastramach cumhachd.

**Staitistigs taghadh coitcheann 2019 na RA**


Partaidh	% de bhòtaichean a fhuaras	% de shuidheachain a fhuaras (FPTP)	% de shuidheachain a gheibhte le seòrsa de PR	Diofar ann an suidheachain a gheibhte le seòrsa de PR
Tòraidheach	43.6%	56.2%	45.6%	-77
Làbarach	32.1%	31.1%	34.2%	+13
Libearalaich Dheamocratach	11.5%	1.7%	11.1%	+59
SNP	3.9%	7.4%	4.4%	-20

**STÒR 2**

**Suirbhidh bheachd phoblach air siostam nan taghaidhean a bu chòir a bhith ga chleachdadh ann an taghaidhean coitcheann na RA**



**Taic nam partaidhean poilitigeach airson ath-leasachadh taghaidh ann an taghaidhean coitcheann na RA**



## STÒR 3

**Beachdan air ath-leasachadh nan taghaidhean**

Tha an dòigh sa bheil sinn a' taghadh ar BP dona don luchd-bhòtaidh, dona do riaghladh agus dona don deamocrasaidh.

Tha Comann Ath-leasachaidh nan Taghaidhean airson seòrsa de PR a bhith ga chleachdadh ann an taghaidhean coitcheann an àite FPTP. Tha PR nas cothromaiche do phartaidhean nas lugha agus nì e cinnteach nach eil bhòt an dàrna neach nas cudromaiche na bhòt an neach eile. Bidh cuid ag argamaid gu bheil PR ro dhuilich a chleachdadh ach chan eil seo fìor. Thathar ga chleachdadh gu soirbheachail ann am Pàrlamaid na h-Alba, Pàrlamaid na Cuimrigh agus taghaidhean comhairle ionadail na h-Alba. Tha an RA am measg nam beagan dhùthchannan Eòrpach a bhios a' cleachdadh FPTP ann an taghaidhean nàiseanta, a tha a' neartachadh feum atharrachaidh. Bidh cleachdadh PR na chuideachadh ann a bhith a' dèiligeadh ri cùis nan suidheachan sàbhailte is oireach. Gu sìmplidh, tha PR a' toirt barrachd roghainn don neach-bhòtaidh aig a' bhogsa-bhòtaidh.

**Comann Ath-leasachaidh nan Taghaidhean, buidheann-iomairt**

Cha leig sinn a leas an siostam bhòtaidh a chleachdas sinn ann an taghaidhean coitcheann atharrachadh. Tha FPTP cothromach is sìmplidh a chleachdadh, is chan eil aig luchd-bhòtaidh ach 'X' a chur mu choinneamh an tagraiche a thaghas iad. Is e an tagraiche leis an àireimh as motha de bhòtaichean a bhuannaicheas, agus am partaidh leis an àireimh as motha de BP a chuireas an riaghaltas ri chèile. Chaidh FPTP a chleachdadh fad bhliadhnaichean agus chuidich e ann a bhith a' faighinn riaghaltasan làidir a fhuair air an gealltanasan a ghleidheadh, mar 'get Brexit done'. Tha FPTP a' ciallachadh cuideachd nach tèid aig partaidhean eastramach air cumhachd fhaighinn sna h-institiudan againn, rud a tha math don deamocrasaidh. Am measg nan daoine a dh'fhaodas bhòtadh, bhòt còrr is 67% san taghadh choitcheann an 2019, a dearbhadh gu bheil misneachd aca san t-siostam. Dh'fhaodadh atharrachadh sam bith daoine a chur dheth bho bhòtadh agus bhiodh sin dona don deamocrasaidh.

**Neach-taic do Na Bhòtaichean as Motha**

A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, thoir adhbharan airson **taic** a thoirt do bheachd Imogen Nolan agus airson **cur an aghaidh** a beachd-se.

Bu chòir a bhith a' cleachdadh seòrsa de riochdachadh co-rèireach (PR) ann an taghaidhean coitcheann an àite Na Bhòtaichean as Motha (FPTP).

**Beachd Imogen Nolan**

Nad fhreagairt, **feumaidh** tu:

- fianais a thoirt bho na stòran a tha a' toirt taic do bheachd Imogen Nolan

**AGUS**

- fianais a thoirt bho na stòran a tha a' cur an aghaidh beachd Imogen Nolan.

**Feumaidh** do fhreagairt a bhith stèidhichte air na trì stòran uile.

10

[Theirig a-nis gu ROINN 2 air *duilleag 06*]

## ROINN 2 — CÙISEAN SÒISEALTA SAN RÌOGHACHD AONAICHTE — 26 comharran

Feuch AN DARA CUID Pàirt C AGUS Ceist 14 NO Pàirt D AGUS Ceist 14

Pàirt C	Neo-ionannachd shòisealta	<i>duilleag 06</i>
Pàirt D	Eucoir agus an Lagh	<i>duilleag 07</i>
Ceist 14		<i>duilleag 08–09</i>

## PÀIRT C — NEO-IONANNACHD SHÒISEALTA

*Nad fhreagairtean airson Ceistean 8, 9 agus 10 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich san Rìoghachd Aonaichte bho chionn ghoirid.*

## Ceist 8

Tha mòran bhuilean aig neo-ionannachd shòisealta agus eaconamach air coimhearsnachdan.

Thoir cunntas **mionaideach** air dà bhuil neo-ionannachd shòisealta is eaconamach air coimhearsnachdan.

4

## Ceist 9

Nì an riaghaltas oidhirpean gus neo-ionannachd a lùghdachadh.

Thoir cunntas **mionaideach** air dà dhòigh san do rinn an riaghaltas oidhirp gus neo-ionannachd shòisealta is eaconamach a lùghdachadh.

6

## Ceist 10

Faodaidh gun adhbharaich cion-cosnaidh neo-ionannachd shòisealta is eaconamach sa chomann-sòisealta.

Mìnich gu **mionaideach**, dà adhbhar gun adhbharaicheadh cion-cosnaidh neo-ionannachd shòisealta is eaconamach sa chomann-sòisealta.

6

[Theirig a-nis gu Ceist 14 a' tòiseachadh air *duilleag 08*]

## PÀIRT D — EUCOIR AGUS AN LAGH

*Nad fhreagairtean airson Ceistean 11, 12 agus 13 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich san Rìoghachd Aonaichte bho chionn ghoirid.*

## Ceist 11

Tha mòran bhuidhean aig eucoir air coimhearsnachdan.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** bhuil aig eucoir air coimhearsnachdan.

4

## Ceist 12

Tha an riaghaltas air eucoir a làimhseachadh ann an dà dhòigh.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** dhòigh san do làimhsich an riaghaltas eucoir.

6

## Ceist 13

Faodaidh gun adhbharaich nithean eaconamach eucoir.

Mìnich gu **mionaideach**, **dà** adhbhar gun adhbharaicheadh nithean eaconamach eucoir.

6

[Theirig a-nis gu Ceist 14 a' tòiseachadh air *duilleag 08*]

## Ceist 14

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2 agus 3 agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

Tha thu nad chomhairliche do Riaghaltas na RA. Chaidh iarraidh ort moladh am bu chòir no nach bu chòir toitean-e a thoirmeasg san RA.

**Roghainn 1**  
Toirmisg toitean-e

**Roghainn 2**  
Na toirmisg toitean-e

### STÒR 1


#### Toitean-e

Is iad seo innleachdan a leigeas le luchd-cleachdaidh niceotain a ghabhail a-steach mar dheatach an àite smocadh. Sa chumantas is e bhèipeagan a tha againn orra seo.

- Gu tric bidh luchd-smocaidh tombaca traidiseanta a' cleachdadh thoiteanan-e mar dhòigh air sgur a smocadh gu soirbheachail.
- Tha e an aghaidh an lagh toiteanan-e a reic ris an fheadhainn fo 18 san RA agus bidh oifigearan nan inbhean malairt gu cunbhalach ag obair gus dèanamh cinnteach nach eil luchd-reic a' briseadh an lagha.
- Tha ìrean àrda de niceotain fhathast ann an toitean-e a dh' fhaodadh daoine a chuir fo bhuidhean agus trioblaidean slàinte adhbharachadh.
- Tha na mìltean de bhlasan eadar-dhealaichte de thoiteanan-e ann agus thig iad ann am pacadh le raon de dhathan eadar-dhealaichte.
- Tha comhairlichean slàinte do Riaghaltas na RA air rabhadh gu bheil cunnartan slàinte ana-mhòr air nach eil fhios fhathast a bhuineas do thoiteanan-e.
- Shònraich aithisgean o chionn ghoirid na h-iomagainean sàbhailteachd a bhuineas do dh'ionadan toiteanan-e, mar eisimpleir gu bheil toiteanan-e air spreadhadh is losgadh, a tha air cron a dhèanamh air an neach a bha gan cleachdadh.
- Is e gnothachas mòr a tha ann an toiteanan-e a bhios a' togail còrr is billean nota ann an teachd-a-steach, a chuireas tòrr mòr chùisean ris an riaghaltas.
- Lorgadh ceangail eadar toiteanan-e agus barrachd air 70 bàs air feadh an t-saoghail agus tha an àireamh seo a' dol am meud gach bliadhna.
- Thuirt cuid de bhuidhnean-strì gu bheil e an aghaidh còraichean a' chinne-daonna an neach a bhith a' toirmeasg thoiteanan-e agus nach bu chòir don riaghaltas gnothach a ghabhail ris.
- Tha sgoiltean air feadh na dùthcha air aithris gu bheil a' cleachdadh thoiteanan-e le còrr is cairteal de dhaoine òga san sgoil, a tha gu tric ag adhbharachadh raon de thrioblaidean slàinte.


### STÒR 2

Suirbhidh nan GPan: am bu chòir dhuinn toiteanan-e a thoirmeasg?



■ Bu chòir   ■ Cha bu chòir   ■ Chan eil fhios agam

Suirbhidh luchd-cleachdaidh thoiteanan-e: an do sguir sibh a smocadh bho thòisich sibh air na toiteanan-e?



■ Sguir   ■ Cha do sguir

## STÒR 3

## Beachdan

Tha iomagain mhòr orm mu fhèillmhorachd thoiteanan-e. Is e a th' ann nach eil fios gu leòr againn mu thrioblaidean slàinte fad-ùineach a dh'fhaodadh toiteanan-e adhbharachadh. Tha mi air bruidhinn ri co-obraichean GP agus cha mhòr nach toireadh iad uile taic do chasg làn de thoiteanan-e. Thuir mòran dhaoine òga a bhios gan cleachdadh gu bheil trioblaidean slàinte orra mar reachdan casaid, plogadh cridhe, galar bannais agus iomagain. Tha eagal orm gum faodadh fèillmhorachd thoiteanan-e ginealach a chruthachadh de dhaoine òga a bhios an eisimeil niceotain. Co-dhiù tha misneachd againn, ge-tà, nach eil cunnart do shàbhailteachd an neach-cleachdaidh ann an toiteanan-e.

Zainab Ahmed, GP

Sguir iomadh duine de smocadh tombaca airson thoiteanan-e, a tha air piseach a thoirt air slàinte an nàisein. Cha robh aithisgean sam bith le cheanglaichean eadar toiteanan-e agus bàsan amharasach. Ged a tha dragh ann gum bi daoine òga a' cleachdadh thoiteanan-e gu cunbhalach, is e an lagh a ghleidheadh a bu chòir a bhith na phrìomhachas. Chan eil Inbhean Malairt a' dèanamh càil gus casg a chur air luchd-reic reic ris an fheadhainn fo 18. Is e pàirt riatanach den eaconamaidh a tha ann an gnìomhachas nan toiteanan-e, a' solarachadh iomadh obair agus a' togail mhilleanan ann an cìsean a phàigheas airson thrioblaidean ceangailte ri tombaca. Bu chòir dha bhith na roghainn aig gach duine fa leth a thaobh toitean-e a chleachdadh is chan ann aig an riaghaltas a bu chòir an co-dhùnadh a bhith.

Lukas O'Donnell, neach-reic thoiteanan-e

Feumaidh tu co-dhùnadh dè an roghainn a mholas tu, **an dàrna cuid** toiteanan-e a thoirmeasg (**Roghainn 1**) no gun a bhith a' toirmeasg thoiteanan-e (**Roghainn 2**).

- (i) A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, **dè an roghainn a thaghadh tu?**
- (ii) Thoir adhbharan seachad a' cur **taic** ris an roghainn agad.
- (iii) **Mìnich** carson nach do thagh thu an roghainn eile.

Feumaidh do fhreagairt a bhith stèidhichte air na trì stòran uile.

10

[Theirig a-nis gu ROINN 3 air *duilleag 10*]

## ROINN 3 — CÙISEAN EADAR-NÀISEANTA — 26 comharran

Feuch AN DARA CUID Pàirt E AGUS Ceist 21 NO Pàirt F AGUS Ceist 21

Pàirt E	Cumhachdan an t-saoghail	<i>duilleag 10</i>
Pàirt F	Cùisean an t-saoghail	<i>duilleag 11</i>
Ceist 21		<i>duilleag 12–13</i>

## PÀIRT E — CUMHACHDAN AN T-SAOGHAIL

*Nad fhreagairtean airson Ceistean 15, 16 agus 17 bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich bho chionn ghoirid ann an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh.*

## Ceist 15

Tha iomadh prìomh fheart ann an siostam poilitigeach.

Thoir cunntas **mionaideach** air dà phrìomh fheart den t-siostam poilitigeach a tha thu air a sgrùdadh.

Nad fhreagairt feumaidh tu innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh.

4

## Ceist 16

Tha buaidh eaconamach aig dùthchannan cumhachdach air dùthchannan eile.

Mìnich, **gu mionaideach**, dà adhbhar airson gu bheil buaidh eaconamach aig dùthchannan cumhachdach air dùthchannan eile.

Nad fhreagairt feumaidh tu innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh.

6

## Ceist 17

Tha riaghaltasan èifeachdach ann a bhith a' dèiligeadh ri cùisean sòisealta is eaconamach.

Mìnich **gu mionaideach**, dà adhbhar carson a tha riaghaltasan èifeachdach ann a bhith a' dèiligeadh ri cùisean sòisealta is eaconamach.

Nad fhreagairt, bu chòir dhut innse dè an dùthaich chumhachdach a tha thu air a sgrùdadh.

6

[Theirig a-nis gu Ceist 21 a' tòiseachadh air *duilleag 12*]

## PÀIRT F — CÙISEAN AN T-SAOGHAIL

*Nad fhreagairtean airson Ceistean 18, 19 agus 20, bu chòir dhut eisimpleirean a thoirt seachad a dh'èirich bho chionn ghoirid, mu chùis san t-saoghal a tha thu air a sgrùdadh.*

## Ceist 18

Tha iomadh buil aig còmhstrithean is cùisean eadar-nàiseanta air dùthchannan eile is na riaghaltasan aca.

Thoir cunntas **mionaideach** air **dà** bhuil aig a' chòmhstri no cùis eadar-nàiseanta a tha thu air a sgrùdadh air dùthchannan eile agus na riaghaltasan aca. 4

Nad fhreagairt, feumaidh tu innse dè a' chòmhstri no a' chùis saoghail a tha thu air a sgrùdadh.

## Ceist 19

Tha iomadh adhbhar poilitigeach ann airson còmhstrithean is cùisean eadar-nàiseanta.

Mìnich gu **mionaideach** **dà** adhbhar phoilitigeach airson a' chòmhstri no cùis eadar-nàiseanta a tha thu air a sgrùdadh. 6

Nad fhreagairt, feumaidh tu innse dè a' chòmhstri no a' chùis saoghail a tha thu air a sgrùdadh.

## Ceist 20

Tha buidhnean eadar-nàiseanta air a bhith soirbheachail a' dèiligeadh ri còmhstrithean is cùisean eadar-nàiseanta.

Mìnich gu **mionaideach** **dà** adhbhar carson a tha buidhnean eadar-nàiseanta air a bhith soirbheachail a' dèiligeadh ris a' chòmhstri no cùis eadar-nàiseanta a tha thu air a sgrùdadh. 6

Nad fhreagairt, feumaidh tu innse dè a' chòmhstri no a' chùis saoghail a tha thu air a sgrùdadh.

[Theirig a-nis gu Ceist 21 a' tòiseachadh air *duilleag 12*]

Dèan sgrùdadh air Stòran 1, 2 agus 3, agus an uair sin freagair a' cheist a leanas.

### STÒR 1

#### Na h-Emirates Arabach Aonaichte


Is e dùthaich san Ear Mheadhanach a tha anns Na h-Emirates Arabach Aonaichte (UAE), agus is i aon de na dùthchannan as beairtiche san t-saoghal. Tha seachd emirates innte, nam measg Abu Dhabi is Dubai. Tha sluagh gu math eug-samhail mu thuaiream 9.5 millean innte, agus beagan a bharrachd air 10% dhiubh a bhuineas dhi agus an fheadhainn eile daoine à dùthchannan eile a dh'imrich do na UAE, mar as trice airson obair. Tha an teachd-a-steach mìosail cuibheasach mu AED18,500, a tha timcheall air £4,000. Thathar a' pàigheadh iomadh saothraiche imriche sna UAE tuarastalan gu math ìseal, agus tuairmse de reat na bochdainn aig 19.5%. Tha seo gu math eadar-dhealaichte bho na shaoileas daoine mu na dòighean-beatha sòghail is na h-àrd-togalaichean a tha sna UAE.

Tha dùil-aoise sna UAE 78 bliadhna. Thathar a' fàs draghail mu shlàinte a thaobh cùisean mar ro-reamhrachd, galar cridhe agus bruthadh-fala àrd, ge-tà. Tha mu 73% den t-sluagh an dàrna cuid ro-throm no ro-reamhar. Thathar a' dèanamh tuairmse gum bi 49.82% de bhoireannaich is 37.01% de dh'fhir sna UAE ro-reamhar ro 2030.

Tha riaghailtean is conn-riaghailtean gu math teann sna UAE a thaobh iomadh cùis mar gabhail deoch-làidir, gnàthas aodaich, a' sealltainn bàidh gu poblach, agus drogaichean. Tha modh-obrach neo-fhulangach san dùthaich a thaobh cuid de ghnìomhachdan agus faodaidh peanasan a bhith fìor chruaidh. Mar sin, chan eil eucoir throm-chùiseach na thrioblaid mhòr sna UAE, le clàr-amais reat eucorach beagan nas lugha na còig-deug anns a' cheud. Chaidh na UAE a chàineadh, ge-tà, a thaobh leth-bhreith do bhoireannaich. Faodaidh boireannaich dràibheadh, bhòtadh, obair a dhèanamh, is faodaidh sealbh a bhith aca no tighinn thuca mar dhìleab, ach gu tric feumaidh iad cead bho 'neach-gleidhidh' fireann (fear-pòsta no athair) airson cuid de rudan, pòsadh nam measg. Tha comharra de 0.712 aig na UAE ann an Indeacs Neo-ionannachd Ghnè Fòram Eaconamach an t-Saoghail, a tha nas fheàrr na bha e ann an 2020. Bidh Indeacs Neo-ionannachd Ghnè a' tomhas nam beàrnan eadar boireannaich is fir ann an ceithir phrìomh rudan — slàinte, foghlam, eaconamaidh, agus poilitigs. Tha sgòr de 0 a' ciallachadh neo-ionannachd ghnè iomlan, agus tha comharra de 1 a' ciallachadh ionannachd ghnè iomlan.

### STÒR 2


#### Reataichean bochdainn san Ear Mheadhanach



## STÒR 3

## Staitistigs thaghte

Reataichean ro-reamhrachd thuairmsichte 2023			Àireamh de luchd-turais a' tadhal air na UAE		Reat indeacs de dh'eucoir	
Dùthaich	Fir (%)	Boireannaich (%)	Bliadhna	Àireamh de luchd-turais (milleanan)	Dùthaich	Reat
Indonisia	7.81	13.77	2000	3.19	Indonisia	45.90
Sìona	9.53	10.06	2005	7.13	Sìona	30.14
Iapan	7.63	5.40	2015	19.31	Iapan	22.90
Afraga a Deas	22.89	49.59	2017	21.81	Afraga a Deas	76.86
An Tuirc	34.07	49.71	2019	25.28	An Tuirc	39.62
RA	36.63	37.45	2021	11.48	RA	46.07



A' cleachdadh Stòran 1, 2 agus 3, dè na co-dhùnidhean a dh'fhaodar a ruighinn mu bheatha anns Na h-Emirates Arabach Aonaichte (UAE)?

Bu chòir dhut co-dhùnadh a ruighinn mu dheidhinn gach aon de na leanas:

- reat tuairmsichte ro-reamhrachd de bhoireannaich sna UAE an coimeas ri dùthchannan eile
- reat na bochdainn sna UAE an coimeas ri dùthchannan eile san Ear Mheadhanach
- reat indeacs de dh'eucoir sna UAE an coimeas ri dùthchannan eile
- neo-ionannachd ghnè sna UAE an coimeas ri dùthchannan eile.

Feumaidh na co-dhùnidhean agad a bhith le taic fianais bho na stòran. Bu chòir dhut fiosrachadh an taobh a-staigh agus eadar na stòran a cho-cheangal mar thaic do na co-dhùnidhean agad.

**Feumaidh** do fhreagairt a bhith stèidhichte air na trì stòran uile.

10

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO